


Ailbhean Alastair



An teaca Robina Beckles Willson
Na dealbhan Diana Catchpole
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Alastair ag iarraidh peata ailbhein.

“Tha mi ag iarraidh ailbhean,”

thuirt e ri Mamaidh.

“Chan fhaigh thu peata ailbhein,”

thuirt Mamaidh.

“Nis caidil.”



Chaidil Alastair.

Chunnaic e ailbhean na chadal.


“Nì thu peata math dhomh,”

thuirt Alastair.




Ach bha Ailbhean uabhasach mòr.

“Tha thu ro mhòr airson mo rum-cadail,”
thuirt Alastair. “Tugainn sìos an staidhre.”



Chaidh Alastair agus Ailbhean
dhan chidsin.

“Lorgaidh mi rudeigin a dh’itheas tu,”
thuirt Alastair.



Thug Alastair curran dha Ailbhean.



Ach rug Ailbhean air na currain uile
le a thrunc agus chuir e iad na bheul.



Thug Alastair aran dha Ailbhean.



Ach chuir Ailbhean an t-aran uile na bheul,
le a thrunc.



“Squir!” thuir Alastair. “Chan fhaod thu am biadh uile ithe. Tugainn dhan ghàrradh. Gheibh thu duilleagan a dh’itheas tu.”



Chaidh Alastair agus Ailbhean dhan ghàrradh.
Ach cha do chòrd na duilleagan ri Ailbhean.
Bha e airson na flùraichean ithe.
“Sguir!” dh’èigh Alastair.
“Bidh Mamaidh crosta ma dh’itheas
tu na flùraichean againn.”



“Tugainn gu bùth nam peataichean,”
thuirt Alastair.

“Bidh biadh aca airson ailbheanan.”
Dh’fhalbh iad sìos an rathad agus
chaidh Alastair a-steach dhan bhùth.
Ach chunnaic Ailbhean ùbhlan
aig bùth eile agus dh’ith e fear no dhà.



“Sguir!” dh’èigh Alastair. “Bidh an duine crosta ma dh’itheas tu na h-ùbhlán aige. Tugainn agus cluichidh sinn sa phàirc.”



Nuair a chaidh iad a-steach dhan phàirc
chaidh iad air na dreallagan.

Chòrd sin math ri Alastair.

“S e peata math a th’ annad,” thuirt e.



Ach an uair sin chunnaic Ailbhean làn.
Ruith e a-null thuige.



Chuir e a thrunc dhan lòn
agus steall e uisge suas air a dhruim.



Chaidh Alastair a-null chun an lòn.
Choimhead Ailbhean air Alastair.
Chuir e a thrunc dhan lòn agus spùt e
steall mhòr uisge air Alastair.
“Sguir!” dh’èigh Alastair.



Sa mhionaid sin dhùisg Alastair.

“Chan eil mi ag iarraidh peata aibhein a-nis,” thuir e.

Thog e an dèideag aibhein aige fhèin.

“Ach is toil leam thusa,” thuir e.